

# BUIDHEANN VISITSCOTLAND AITHISG BHLIADHNAIL IS CUNNTASAN

airson na bliadhna a chrìochnaich air 31 Màrt 2025



# A' brosnachadh is a' cumail rian air iarrtas

Toraidhean ar n-obrach margaidheachd ann an 2024/2025



GEI **£1.3 billean**



BEL **£73.5 millean**

Leis gach **£1** a tha VisitScotland a' cosg air margaidheachd thathar a' cruthachadh **£18** dhan eaconamaidh

A' ruighinn air **17 dùthchannan**

chaidh ruighinn air **117 millean** neach tro mheadhanan sòisealta gun shanasachd phàighte ann an 2024

chaidh BEL luach **£21.6 millean** a chruthachadh ri linn thachartasan a fhuair maoin eachadh bhon Mhaoin Tairgse airson Cho-labhairtean (bha 14,400 an làthair aig na tachartasan sin)

Chuir ar n-obair gus slighean a leasachadh ann an 2024/2025 taic ri



Chaidh taic a chumail ri

**2 shlighe chudromach ùr** gu New York (sna Stàitean Aonaichte) agus Halifax (Canada) agus iad sin a' leudachadh air na ceanglaichean ri margaidh chudromach Ameireaga a Tuath

BEL luach **£8.1 millean**

Chaidh leudachadh air an àireimh de dh'àiteachan a bha rim faotainn do luchd-siubhail air plèanaichean le **26,824** àite a bharrachd ann

# Ag obair còmhla ri buidhnean coimhearsnachd, cheann-uidhe agus na roinne

Chuir sinn taic ris na leanas tro ar n-obair gus cinn-uidhe a leasachadh



## #1 san RA

airson a bhith a' cur ionmhas an seilbh thaighean-òsta – Dùn Èideann ann an 2024

Chaidh maoinachadh a bharrachd luach **£16 millean** a thoirt a-steach dhan roinn tro phròiseactan a fhuair maoinachadh MBTD

Chaidh maoinachadh luach **£20 millean** a thoirt seachad tron Mhaoin Bhun-structair airson Turasachd Dhùthchail (MBTD)

A' chiad cheann-uidhe san Roinn Eòrpa a tha a' nochdadh air a' Mhapa airson Siubhal Brìgheil aig Turasachd Shuimeil

Fhuair **75 pròiseactan** maoinachadh MBTD

Stòran:

Aithisg MBTD aig VisitScotland airson 2025

Clàr Margaidh Taighean-òsta na RA aig Colliers airson 2025 (gheibhear sin an seo [colliers.com/en-gb/news/01-04-25-colliers-uk-hotel-market-index](https://colliers.com/en-gb/news/01-04-25-colliers-uk-hotel-market-index))

# Taic do ghnòthachasan turasachd is thachartasan



Chuir ar prògraman leasachaidh is obair airson thachartasan ann an 2024/2025 taic ris na leanas

GEI **£150 millean**



BEL **£147.1 millean**

thugadh taic do  
**58 tachartasan**

air feadh na dùthcha

**aonta  
11-bhliadhna**

eadar R&A, Riaghaltas na  
h-Alba agus VisitScotland

thugadh taic do **5**  
prìomh fharpaisean goilf  
as t-samhradh 2024

---

Thugadh taic do ghnòthachasan ann an 2024/2025 a chuidich le malairt agus fàs

thugadh taic do **153**  
gnòthachasan eile ann an 2024  
gus am biodh iad deiseil airson  
gnìomhachas an t-siubhail



chaidh **130** clàran-siubhail ùra is leudaichte a chur an sàs sa mhargaidh ann an 2024 gus turasachd a bhrosnachadh thar mheasgachadh de sgìrean agus thar dhiofar amannan dhen bhliadhna, le comhairle is taic bho VisitScotland

chaidh **còrr is 7,000** coinneamh a chur air dòigh eadar gnòthachasan Albannach agus luchd-ceannaich eadar-nàiseanta aig Ceanglaichean VisitScotland 2024

Stòran:

Gnìomhachd Eaconamach Iomlan (GEI) agus Buaidh Eaconamach Lom (BEL) – Aithisg Measaidh Eaconamach VisitScotland 2024/25

# CONTENTS

Stimulating and managing demand	2	<b>Accountability report</b>	<b>47</b>
Working collaboratively with community, destination and sector organisations	3	Corporate governance report	47
Supporting tourism and events businesses	4	Governance statement	49
		The Remuneration and Staff Report	58
		Parliamentary accountability report	66
<b>Performance report - overview</b>	<b>6</b>		
Chair's foreword	7	<b>Financial statements</b>	
Looking ahead - our new corporate plan	9	VisitScotland and Group statement of comprehensive net expenditure for the year ended 31 March 2025	71
How we will get there	10	VisitScotland and Group statement of financial position as at 31 March 2025	72
Strategic priorities 2025-2028	11	VisitScotland and Group cash flow statement year ending 31 March 2025	73
Measuring success	12	VisitScotland and Group statement of changes in taxpayers' equity for the year ended 31 March 2025	74
Chief Executive's statement	13	Notes to the financial statements	75
Key strategic objectives, issues and risks	15		
		<b>Appendices</b>	
<b>Performance report - performance analysis</b>	<b>18</b>	Appendix one - Statutory background	124
Stimulating and managing demand	19	Appendix two - Accounts direction	125
Supporting Scotland's tourism and events businesses	22	Appendix three - VisitScotland NEI attribution	126
Working collaboratively with community, sector and destination organisations	27	Appendix four - Delivering on Scotland's national outcomes	127
Enhancing our organisation insight, capability, planning and compliance	30		
Supporting and enabling our people	33		
Key performance indicators	35		
Performance over time	38		
Financial position	44		

# AITHISG CHOILEANAIDH - SEALLADH FARSAING

'S e as adhbhar dhan t-sealladh fharsaing seo, geàrr-chunntas a thoirt seachad le fiosrachadh gu leòr gus am faigh daoine tuigse air VisitScotland, prìomh adhbhar ar n-obrach, na nithean as motha a dh'fhaodadh stad a chur oirnn bho bhith a' coileanadh ar cinn-uidhe agus air na choilean sinn rè na bliadhna seo.



# Facal bhon Chathraiche



Stephen Leckie, Cathraiche, VisitScotland

Bha fios againn riamh aig VisitScotland gu bheil tòrr a bharrachd an lùib eaconamaidh an luchd-tadhail na dìreach saor-làithean no turas-latha.

'S iomadh toradh a bharrachd a thig bho ghnìomhachas dèanadach na turasachd is nan tachartasan agus chithear buaidh fharsaing a' ghnìomhachais againn air feadh choimhearsnachdan agus na h-eaconamaidh. Thàinig luach £10.8 billean bho na chosg luchd-tadhail ann an 2023 agus ann an 2024 chuir an gnìomhachas taic ri 245,000 obair agus 16,045 gnothachasan.

Tha àireamhan is soirbheachas mar sin a' dearbhadh buaidh ar n-obrach am-bliadhna mar bhuidhinn leasachaidh eaconamaich le amas soilleir gus eaconamaidh an luchd-tadhail a leasachadh, agus sinn a' cur ri luach na h-eaconamaidh sin ann an Alba.

Ged a bhios margaidheachd is tachartasan daonnan mar bhunait dha ar n-obair, chithear san aithisg bhliadhnail againn taghadh farsaing is iongantach de nithean a choilean sinn – eadar leasachadh shlighean is taic do ghnòthachasan, leasachaidhean didseatach innleachdach agus dàta is eòlas.

Tha meud na h-obrach a rinn ar sgiobaidhean a' sealltainn mar a tha buaidh na h-obrach againn a'

*Tha meud na h-obrach a rinn ar sgiobaidhean a' sealltainn mar a tha buaidh na h-obrach againn a' sgaoileadh fada seachad air crìochan eaconamaidh an luchd-tadhail gu iomadh roinn is raon.*

sgaoileadh fada seachad air crìochan eaconamaidh an luchd-tadhail gu iomadh roinn is raon. Bidh sinn a' cur taic ri fàs eaconamach seasmhach air feadh na dùthcha, agus thig obraichean is ionmhas mar thoradh air sin agus bheirear taic do mhath dhaoine.

Gun teagamh sam bith, tha cùisean fhathast doirbh dhan ghnìomhachas, agus tha cosgaisean gnothachais agus cosgaisean bith-beò air buaidh a thoirt air ìrean coileanaidh is prothaidean. Ged a tha turasachd le daoine bho dhùthchannan eile air a dhol am meud ann an 2024 an coimeas ri 2023, tha na dùbhlain a gheibhear a thaobh turasachd le daoine bhon dùthaich seo fhathast a' toirt buaidh air fàs san roinn san fharsaingeachd. Cuideachd, tha mì-chinnt ann fhathast ri linn an t-saoghail riaghlaidh sa bheil sinn ag obair agus ri linn chùisean poilitigeach na cruinne.

Ach tha e fhathast mar amas daingeann dhuinn taic a chumail ri agus gàirdeachas a dhèanamh ri eaconamaidh an luchd-tadhail – agus na daoine agus na h-àiteachan a tha an urra ri soirbheachas na h-eaconamaidh sin.

Fhad 's a tha sinn a' tòiseachadh air caibideil ùr nar sgeul, tha ar Plana Corporra trì-bliadhna a' stèidheachadh ceithir prìomh raointean a bheir stiùir dha ar n-obair – adhartas airson na margaidh, adhartas airson àiteachan, adhartas airson ghnòthachasan, thursan is cothroman turasachd agus adhartas airson na buidhne againn fhìn.

Leis na h-amasan soilleir seo, cumaidh sinn oirnn a' dèanamh sanasachd air ar cinn-uidhe, gnothachasan, bathar, cothroman agus ar cultar, agus sinn a' dèanamh subhachas ri soirbheachas agus a' cur ris an tuigse a th' againn air mar a gheibh an siostam-solair san fharsaingeachd buannachdan bho thurasachd is tachartasan.

Bidh sinn ag amas gu h-àraidh air na h-ìrean as tràithe de thuras an neach-tadhail, agus sinn a' cur ri iarrtas air feadh nam margaidhean eadar-nàiseanta agus a' toirt ath-bheothachadh air margaidh na dùthcha seo.

Mar phàirt de sin, bidh sinn a' feuchainn ri luchd-tadhail bho na prìomh mhargaidhean a tharraing as t-fhoghar agus sa gheamhradh aig na h-amannan eadar-ràitheil agus bidh sinn ag obair le luchd-compàirt cheann-uidhe, sgìreil, roinneil agus còmhdhail gus daoine ann an Alba is san RA a bhrosnachadh gu bhith a' dol air làithean-saora san dùthaich aca fhèin.

Tha sinn a' coimhead air adhart ri cothroman, tursan is goireasan turasachd ùra togarrach, agus sinn an dùil gum fosgail pròiseactan leithid Turas tro Chaisteal Inbhir Nis agus Taigh-tasgaidh Phàislig thar nan 18 mìosan a tha ri thighinn.

Cuideachd, bithear ag ullachadh airson diofar thachartasan mòra ann an Alba leithid Geamaichean a' Cho-fhlaitheis 2026 ann an Glaschu, An 155mh Farpais Goilf Fhosgailte agus Grand Départ Tour de France ann an 2027, a thuilleadh air measgachadh farsaing de thachartasan cultarach, spòrs is gnothachais.

Cuideachd, thèid barrachd atharraichean riaghlaidh is laghail a chur an sàs, leithid a' chiad chis luchd-tadhail ionadail. Ged a tha Dùn Èideann, Glaschu agus Obar Dheathain air aonta a chur ri sgeamaichean, bidh aig ùghdarrasan ionadail eile ri beachdachadh gu faiceallach air cìsean luchd-tadhail agus faighneachd an obraicheadh iad dhaibhsan agus feumaidh iad co-chonaltradh farsaing a chumail le gnothachasan mus cuir iad molaidhean air adhart. Cumaidh sinn sùil air buaidh nan sgeamaichean sna h-àiteachan far an tèid an cur an gnìomh. Tha sinn air a dhèanamh soilleir gum feumar airgead sam bith a gheibhear a chleachdadh gus fàs seasmhach a chur air adhart ann an eaconamaidh an luchd-tadhail.

Tha leithid a leudachadh seasmhach air luach eaconamaidh an luchd-tadhail fhathast mar bhunait do dh'obair VisitScotland. Thar nam bliadhnaichean ri thighinn, bidh e mar amas sònraichte dhuinn cur ri iarrtas seasmhach agus iomairtean a chur air adhart a bhios gu buannachd ar coimhearsnachdan agus a chuireas taic ri amasan a thaobh turasachd chunntachail agus ri amasan ro-Innleachd nàiseanta thachartasan na h-Alba.

Agus leis gach rud a nì sinn, cumaidh sinn oirnn a' toirt leasachadh air ar n-obair fhèin airson dèanamh cinnteach gun urrainn dhuinn ar prìomh sheirbheisean a thoirt seachad – na seirbheisean didseatach, taic gnothachais 'bho aon bhuidheann airson grunn', obair margaidheachd agus tachartasan a chuidicheas le fàs seasmhach ann an eaconamaidh na h-Alba.



# SÙIL AIR THOISEACH - AR PLANA CORPORRA ÙR

Tha VisitScotland a' cur taic ri fàs san eaconamaidh agus a' toirt cruth-atharrachadh air cùisean thar chaochladh dhiofar roinnean.

Chaidh ar Plana Corporra ùr fhoillseachadh sa Ghiblean 2025 agus tha e a' cur an cèill ar prìomhachasan airson 2025 gu 2028, mar a tha sinn an dùil an coileanadh, agus thathar cuideachd a' gabhail ris sa phlana gur ann dùbhlanaich a tha cùisean sa ghnìomhachas dhan a h-uile neach a tha ag obair ann an eaconamaidh an luchd-tadhail.

## Ar prìomhachasan ro-innleachdail

'S e as adhbhar dha ar n-obair, eaconamaidh an luchd-tadhail a leasachadh, agus sinn a' cur ri luach na h-eaconamaidh sin ann an Alba. Gus ar prìomh cheann-uidhe a choileanadh, tha sinn ag amas gu h-àraidh air ceithir prìomh raointean obrach. Cuidichidh an obair a nì sinn le bhith a' toirt ar lèirsinn gu buil, gus am bi àiteachan nas fheàrr ann airson daoine a bhith a' fuireach, ag obair agus airson turas.

Thoiribh sùil air ar Plana Corporra air [VisitScotland.org](https://www.visitScotland.org).

# Mar a ruigeas sinn ar cinn-uidhe



## Adhartas airson na margaidh

A' tarraing luchd-tadhail airson chur-seachadan, co-labhairtean aig comainn, luchd-siubhail gnothachais is corporra, agus tachartasan mòra, tro mheasgachadh de mhargaidheachd ro-innleachdail, obair le buidhnean eadar-mheadhanach, luchd-compàirt agus leis na meadhanan.



## Adhartas airson àiteachan

A' cur taic ri ro-innleachdan roinneil eaconamach agus a' toirt leasachadh is leudachadh air cinn-uidhe le bhith a' dèanamh feum de chothroman gus airgead poblach is priobhaideach a chur an seilbh an lùib turasachd is thachartasan.




## Adhartas airson gnothachasan, thursan is chothroman turasachd

A' toirt comhairle is taic seachad dhan roinn, leithid a' cuideachadh gnothachasan turasachd is thachartasan gus bathar is cothroman turasachd ùra a chruthachadh, tron ruig iad air luchd-amais is margaidhean ùra.



## Adhartas airson na buidhne

A' cur ri ar tuigse, comasan, planadh agus ìrean-coileanaidh a thaobh riaghailtean, agus a' dèanamh cinnteach gu bheil na dreuchdan, sgilean, teicneòlas agus dàta freagarrach againn gus làn-fheum a dhèanamh de na cothroman a th' ann.



# Prìomhachasan Ro-innleachdail 2025-2028



## Adhartas airson na margaidh

- A' dèanamh cinnteach gu bheil Alba mar phàirt de phrìomh mhargaidhean na cruinne agus a' faighinn toradh de 11:1 aig a' char as lugha bhon mhargaidheachd a nithear
- A' coileanadh targaid bhliadhnaile far am bi 230 cothrom ùr a thaobh thachartasan gnothachais air an cruthachadh tro ar n-obair, anns am bi luach còrr is £130 millean
- Ag obair le Riaghaltas na h-Alba gus dèanamh cinnteach gum bi grunn thachartasan mòra gan cumail ann an Alba
- Ag obair ann an com-pàirt ri daoine eile gus ìomhaigh eadar-nàiseanta na h-Alba a ghleidheadh, agus sinn a' dèanamh làn-fheum de Bhrannnd na h-Alba an lùib phrìomh chùisean is thachartasan cruinneil



## Adhartas airson gnothachasan, thursan is chothroman turasachd

- A' cumail tachartas bliadhnaile airson gnìomhachas an t-siubhail gus gnothachasan Albannach agus 220 luchd-ceannaich eadar-nàiseanta bho 20 diofar mhargaidhean a thoirt còmhla
- A' stèidheachadh prògram taice ùr do gnothachasan far am faigh iad goireasan taice an-asgaidh, agus thèid co-dhiù 7,000 cothrom co-chonaltraidh a chur air dòigh do gnothachasan Albannach gach bliadhna
- Ag obair leis a' ghnìomhachas gus cur ri seasmhachd, tro leithid phlanaichean gnìomh airson na gnàth-shìde, a bhith a' cruthachadh is a' cur air adhart bathar ùr agus clàran-siubhail seasmhach, agus tro bhith a' cuideachadh gus com-pàirteachasan cudromach a stèidheachadh
- A' cur taic ri eadar-nàiseantachd agus às-mhalairt, agus bidh, aig a' char as lugha, 300 gnothachas Albannach eile a' cosnadh na h-inbhe, 'deiseil airson gnìomhachas an t-siubhail', gach bliadhna



## Adhartas airson àiteachan

- A' cumail oirnn a' toirt stiùireadh dhan phrògram nàiseanta airson rian air luchd-tadhail, a' gabhail a-steach a bhith a' stiùireadh na Maoine Bun-structair airson Turasachd Dhùthchail, gus ìonmhas a chosg air bun-structair agus gus lùghdachadh a thoirt air na th' ann de thachartasan air an tèid aithris a dhèanamh a thaobh rian air luchd-tadhail
- Ag aontachadh prìomhachasan leis gach ùghdarras ionadail, a thaobh adhartas le tachartasan, gus dèanamh cinnteach gun dèanar làn-fheum de dh'ionmhas na roinne poblache
- A' dèanamh feum de thachartasan mòra gus prìomh chinn-uidhe a thaobh phoileasaidhean a choileanadh aig ìre ionadail agus nàiseanta
- A' dèanamh feum de dh'ionmhas poblach agus prìobhaideach gus co-obrachadh a chur air adhart a chuidicheas le bhith a' toirt leasachadh is leudachadh air cinn-uidhe



## Adhartas airson na buidhne

- A' cur ar stòrasan is goireasan gu feum gus eaconamaidh an luchd-tadhail a leasachadh, agus sinn a' cur ri luach na h-eaconamaidh sin ann an Alba
- A' cur Plana ùr airson ar Daoine is Saoghal Obrach, Plana Dàta agus Plana airson Bun-structair Teicnigeach an sàs, agus sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil na sgilean, an àrainneachd agus na goireasan freagarrach againn gus ar n-amasan a choileanadh
- A' cur prògram ùr an sàs le molaidhean, beachdan agus frèam-measaidh
- A' ruighinn ìrean freagarrach a thaobh sgaoilidhean carboin de sheòrsa 1 is 2 airson cothromachadh-carboin airson 2030 agus bidh cothromachadh-carboin againn airson sgaoilidhean carboin de sheòrsa 3 airson 2045

# A' measadh soirbheachas



## Sgaoileadh

## Ìrean cosg

## Seasmhachd

## Ìrean riarachaidh

### Adhartas airson na margaidh

Tha luchd-tadhail bho dhiofar mhargaidhean againn a bhios a' siubhal air feadh na bliadhna agus air feadh na h-Alba

Tha luchd-tadhail againn bhom faighear buannachdan mòra agus a bhios a' cur luach ri eaconamaidh an luchd-tadhail, le bhith a' fuireach nas fhaide, a' tadhal air barrachd àiteachan agus a' cur eòlas air àiteachan ionadail

Tha luchd-tadhail air am brosnachadh gu bhith a' siubhal gu seasmhach agus a' dèanamh roghainnean turasachd cunntachail

Tha luchd-tadhail dhen bheachd gu bheil Alba na ceann-uidhe sàr-mhath far am faigh iad fàilte mhòr

### Adhartas airson àiteachan

Tha coimhearsnachdan air feadh na h-Alba a' faighinn bhuannachdan bho eaconamaidh an luchd-tadhail air feadh na bliadhna

Tha coimhearsnachdan ionadail a' faighinn bhuannachdan bho mar a thathar a' cosg barrachd air turasachd is tachartasan

Thathar a' gleidheadh dualchas nàdarra, cultarach agus bailteil na h-Alba anns am faigh a h-uile neach tlachd

Tha turasachd is tachartasan a' cur taic ri coimhearsnachdan soirbheachail (obraichean, bun-structair, toraidhean eaconamach, in-ghabhail sòisealta)

### Adhartas airson ghnòthachasan, thursan is chothroman turasachd

Tha taghadh farsaing de bhathar, cothroman, tursan is tachartasan ann an Alba do luchd-turais fad na bliadhna

Tha na prìsean airson bathar, cothroman, tursan is tachartasan turasachd ann an Alba aig ìre a tha luchd-tadhail deònach a phàigheadh agus a nì teachd-a-steach seasmhach do ghnòthachasan

Tha bathar, cothroman, tursan is tachartasan turasachd againn a nì am feum as motha as urrainnear dhan àrainneachd agus às am faigh coimhearsnachdan làn-bhuannachd

Gnòthachasan turasachd is thachartasan soirbheachail

### Adhartas airson na buidhne

Taghadh farsaing de dhaoine tàlantach air am fastadh air feadh Alba, agus tha na goireasan is bun-structair freagarrach aca gus an obair aca a dhèanamh

Tha na sgilean ceart aig ar luchd-obrach agus tha structair-taice freagarrach againn gus làn-thaic a chur ri fàs ann an eaconamaidh an luchd-tadhail

Tha ar sgioba-obrach is obair a' toirt nas lugha buaidhe air an àrainneachd, agus sinn a' dèanamh adhartas gu ruige cothromachadh-carboin ro 2045

Deagh shaoghal obrach is cliù corporra, agus iad sin air an neartachadh tro cho-chonaltradh èifeachdach ri luchd-obrach agus cothroman leasachaidh pearsanta

# Aithris an Àrd-oifigeir



Vicki Miller, Àrd-oifigeir VisitScotland

Rè bliadhna anns am facas atharraichean aig VisitScotland agus nuair a bha mì-chinnt ann do ghnìomhachas na turasachd is nan tachartasan, chùm sinn oirnn a' cur cuideam mòr air an obair a nì am feum as motha ann a bhith a' cur taic ris a' ghnìomhachas againn.

'S iomadh adhbhar gàirdeachais a th' againn. Ann an 2024, chuir Alba fàilte air an àireimh a bu mhotha a chunnacas riamh de luchd-tadhail eadar-nàiseanta, agus chosg iad £3.9 billean, an t-sùm a bu mhotha riamh, agus iad a' toirt buaidh air an eaconamaidh air feadh na dùthcha.

Tha sinn air cur ri ar ceanglaichean ri prìomh mhargaidhean, tro cho-obrachadh le diofar luchd-compàirt poblach is prìobhaideach, agus sinn a' stèidheachadh shlighean ùra agus barrachd àitichean do luchd-siubhail air slighean eile, agus mar thoradh air sin uile cha robh e riamh cho furasta do luchd-siubhail tighinn thugainn.

Dh'fhoillsich sinn ar ro-innleachd thachartasan nàiseanta ùr gus an urrainn dhuinn cumail oirnn a' cur air dòigh taghadh sàr-mhath, eugsamhail agus in-ghabhalach de thachartasan cultarach, spòrs agus gnothachais.



*Tha Alba fhathast gu follaiseach am measg phrìomh cheann-uidhe na cruinne, agus sin mar thoradh air an obair chom-pàirtich a thathar a' dèanamh gus leudachadh a thoirt air eaconamaidh an luchd-tadhail.*

Agus leis an 152mh Farpais Goilf Fosgailte aig Raon-goilf Rìoghail na Truthail dhearbh sinn neartan a' ghnìomhachais, oir thàinig buannachdan eaconamach iomlan luach £303.3 millean bhon tachartas agus rinneadh taisbeanadh air bòidhchead nàdarra agus dualchas goilf na h-Alba do dhaoine bho air feadh an t-saoghail.

Ach a dh'aindeoin mar a shoirbhich leinn, tha fios againn gu bheil ìrean soirbheachaidh measgaichte air a bhith againn am-bliadhna an lùib turasachd, agus tha cosgaisean bith-beò fhathast a' toirt buaidh air margaidh na dùthcha leis mar a bhios daoine ag atharrachadh nam planaichean siubhail aca a rèir na th' ann de dh'airgead a th' aca. Tha sin a' toirt buaidh air fàs ann an eaconamaidh an luchd-tadhail agus air mar as urrainn dhuinn dèanamh cinnteach gum faighear buannachdan bho thurasachd air feadh nan diofar sgìrean agus nan diofar ràithean.

Gus dèiligeadh ri sin, tha sinn air roinn-stiùiridh ùr airson Ro-innleachdan is Eòlas Farpais a chur air chois airson dèanamh cinnteach gum bi dàta agus eòlas mar bhunait is stiùir dha ar n-obair. Tha na h-amasan soilleir a thaobh seo fhathast a' cur taic ri is prìomhachas air cothroman leudachaidh

seasmhach san eaconamaidh tro an dà chuid turasachd na dùthcha agus turasachd eadar-nàiseanta.

Tha sinn air ealla a ghabhail ri cinn-uidhe a thaobh ath-leasachadh sheirbheisean poblach agus tha sinn fhathast a' dèanamh sin tro ar Prògram airson Atharraichean Ro-Innleachdail, sa bheilear a' planadh airson luchd-obrach gus dèanamh cinnteach gu bheil na dreuchdan is sgilean freagarrach againn gus ar prìomh cheann-uidhe a choileanadh.

Tha sinn air co-dhùnaidhean dàna a dhèanamh, agus sinn a' toirt lùghdachadh de 8% air ar sgioba-obrach Ionann ri Làr-thìde (ILT) ann an 2024/25, agus sin a' tighinn às dèidh lùghdachadh de 10% an-uiridh. Tha sinn cuideachd air lùghdachadh de 21% a thoirt air ar cosgaisean obrach corporra rè dà bhliadhna de ar prògram airson atharraichean, agus sinn a' cùmhnadh ionmhas nach beag tro ro-innleachd na h-oighreachd againn agus rinn sinn cinnteach gun d' fhuair sinn an luach a b' fheàrr às ar n-airgead dhan sporan phoblach.

Ri linn mar a tha feumalachdan luchd-ceannaich is ghnòthachasan air atharrachadh, chuir sinn plana an sàs gus ar n-Ionadan-fiosrachaidh a dhùnadh ceum air cheum agus rinn sinn atharraichean nach beag air na dòighean sa bheil sinn a' toirt taic do ghnòthachasan, agus chuir sinn às do ar sgeamaichean Dearbhachd Càileachd. Gus a dhol an àite sin, leudaich sinn air ar prògram taice do ghnòthachasan agus stèidhich sinn Bun-ghoireas Taice do Ghnòthachasan, goireas didseatach, le seiminear-lìn agus bùithtean-obrach, a bhios a' toirt comhairle phragtaigeach do ghnòthachasan turasachd is thachartasan. Bidh e a' cuideachadh ghnòthachasan gus leudachadh air an obair aca, margaidhean ùra a ruighinn agus gus cumail orra le bhith a' cruthachadh thursan is chothroman a fhreagrais air feumalachdan luchd-tadhail san àm ri teachd.

Le bhith ag obair air ar prògram airson atharraichean am-bliadhna, b' urrainn dhuinn ionmhas a shàbhaladh a chosg sinn air ar prìomh raointean obrach: margaidheachd, tachartasan, taic do ghnòthachasan agus seirbheisean didseatach.

Shoirbhich gu mòr le ar prìomh thachartas airson gnìomhachas an t-siubhail, Ceanglaichean VisitScotland, far an do chuir sinn air dòigh còrr is 7,000 coinneamh eadar 222 ghnòthachasan turasachd Albannach, agus tòrr dhiubh ann airson a' chiad uair, agus 257 luchd-ceannaich bho 23 dùthchannan.

Airson gach £1 a chaidh a chosg air obair margaidheachd – ar n-iomairtean, margaidheachd chom-pàirteach agus obair eadar-mheadhanach – chaidh £18, sùim nach beag, a chur ri eaconamaidh luchd-tadhail na h-Alba. Agus chunnacas na toraidhean eaconamach a b' àirde agus na h-àireamhan a b' àirde de luchd-frithealaidh riamh airson nan co-labhairtean is nan coinneamhan aig comainn ann an Alba.

Tha Alba fhathast gu follaiseach am measg phrìomh cheann-uidhe na cruinne, agus sin mar thoradh air an obair chom-pàirtich a thathar a' dèanamh gus leudachadh a thoirt air eaconamaidh an luchd-tadhail. Tro ar com-pàirteachasan eaconamach roinneil, co-obrachadh le buidhnean stiùiridh cheann-uidhe agus buidhnean na roinne agus com-pàirteachasan ro-innleachdail le buidhnean leithid an R&A, tha sinn fhathast a' cur cuideam mòr air fàs seasmhach.

Rè na bliadhna seo sam facas iomadh atharrachadh, tha ar luchd-obrach air cumail orra a' dèiligeadh ris na h-atharraichean sin agus iad ag obair gus na builean is toraidhean buadh-mhor a chithear san aithisg seo a choileanadh. Bu mhath leam taing a thoirt dhaibh, agus dhan sgioba stiùiridh agam, airson an cuid dìchill is dealais an lùib na h-obrach a rinn sinn còmhla gus cur ri ar n-eadonamaidh.

# Prìomh chinn-uidhe, cùisean agus cunnartan ro-innleachdail

'S e ar prìomh amas, mar a chithear san Fhrèam Ro-innleachdail airson 2021-2024 agus sa Phlana Chorporra eadar-amail airson 2024/25, a bhith ag obair ann an dòigh ro-innleachdail is cho-òrdanaichte gus taic a chumail ri eaconamaidh an luchd-tadhail le dòighean-obrach cunntachail is seasmhach. Le bhith a' dèanamh sin, bidh sinn a' cur taic glè chudromach ris an obair gus na ro-innleachdan gnìomhachais, Scotland Outlook 2030 agus Alba: Sàr Dhùthaich nan Tachartasan, a choileanadh.

Bidh ar n-obair a' cur taic ris na h-amasan is builean co-cheangailte a gheibhear ann an Cinn-uidhe nan Dùthchannan Aonaichte airson Leasachadh Seasmhach, Frèam Coileanaidh Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba agus ann an Ro-innleachd Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba airson Cruth-atharrachadh a thoirt air an Eaconamaidh.

Gus ar prìomh amas a choileanadh, bidh sinn ag obair gus adhartas a dhèanamh leis na bunaitean ro-innleachdail a leanas:

- A' brosnachadh is a' cumail rian air iarrtas
- A' cur taic ri gnothachasan turasachd is thachartasan na h-Alba
- Ag obair còmhla ri buidhnean coimhearsnachd, cheann-uidhe agus na roinne
- A' toirt piseach air eòlas, comasan, is planaichean na buidhne agus air mar a chumas sinn ri reachdas
- A' cur taic ri is a' leasachadh sgilean ar daoine

Tha na bunaitean seo mar fhrèam airson mar a nì sinn measadh air irean coileanaidh sa bhliadhna ionmhais seo agus gheibhear tuilleadh fiosrachaidh air na bunaitean sin air duilleag 18.

Ann an 2025, dh'fhoillsich sinn [Plana Corporra](#) ùr, agus san ath bhliadhna ionmhais nì sinn aithris air ar prìomhachasan ro-innleachdail ùra, a chithear air duilleag 11.

## Modhan-ullachaidh is buidheann a tha a' leantainn

Chaidh na h-aithrisean ionmhasail seo ullachadh leis an tuigse gun lean a' bhuidheann, agus le sin thathar a' gabhail ris gun cùm Buidheann VisitScotland oirre ag obair cho fad 's a chithear san ùine air thoiseach. Airson na bliadhna ionmhasail 2024/25 tha duilleag chothromachaidh le so-mhaoinean lom aig VisitScotland. Ge-tà, cha phàighear airson fhèicheanasan loma sam bith le tùsan teachd-a-steach eile aig Buidheann VisitScotland, cha phàighear airson nam fèicheanasan sin ach le tabhartasan no tabhartas gus cuideachadh a gheibhear bho Riaghaltas na h-Alba san àm ri teachd. Thoradh, fo mhodhan-obrach àbhaisteach a thaobh smachd na Pàrlamaid air teachd-a-steach is caiteachas, chan fhaodar leithid a thabhartasan a thoirt seachad mus bi feum orra, agus leis mar a fhuaras aonta mu thràth airson tabhartas gus cuideachadh do VisitScotland airson 2025/26, chan eil adhbhar sam bith ann a bhith dhen bheachd nach fhaighear aonta ri tabhartasan san àm ri teachd.

Airson na bliadhna a chrìochnaich air 31 Màrt 2025 chaidh na h-aithrisean ionmhasail airson Farpais Baidhsagalachd na Cruinne Earranta 2023 fhoillseachadh is ullachadh air stèidh far nach robhar a' gabhail ris gun cumadh an companaidh a' dol. Thàinig Stiùirichean Farpais Baidhsagalachd na Cruinne Earranta 2023 gu co-dhùnadh gu bheil an Companaidh a-nis air crìoch a chur air gach cùmhnant obrach is cùmhnant gus tachartasan a chumail agus mar sin chan eil e ri malairt tuilleadh. Rinn na Stiùirichean co-dhùnadh gus inbhe neo-mhalairt a bhuileachadh air a' Chompanaidh. Thathar ag aithris air gach so-mhaoine is fèicheanas aig a' Chompanaidh a rèir nan luachan reic lom aca an lùib ghnìomhan co-dhaingneachaidh.

Chan eil mar a thathar a' cur mhodhan-ullachaidh an sàs airson Farpais Baidhsagalachd na Cruinne Earranta 2023 – air stèidh far nach robhar a' gabhail ris gun cumadh an companaidh a' dol – a' toirt buaidh air modhan-ullachaidh aithrisean ionmhasail na Buidhne seach nach eil luach susbainteach sna gnìomhan-malairt aig Farpais Baidhsagalachd na Cruinne Earranta 2023 agus ri linn nàdar a' Chompanaidh agus mar a chaidh a stèidheachadh gus cùisean a phlanadh is a chur an gnìomh mar 'bhuidhinn le adhbhar sònraichte', aig a bheil dleastanasan a tha nis air an coileanadh.

Leis an sin, tha am Bòrd dhen bheachd gu bheil e iomchaidh aithrisean ionmhasail ullachadh leis an tuisge gun cùm a' bhuidheann a' dol.

Aig deireadh 2024/25, am measg nam prìomh chunnartan bha:

### **Dùbhlain a thaobh maoinachadh**

Bidh sinn a' cumail oirnn a' dèanamh tagradh ri Riaghaltas na h-Alba mu thurasachd agus tachartasan. Ge-tà, ri linn mar a tha cùisean san eaconamaidh an-dràsta, chaidh gearraidhean a dhèanamh sa bhuidseat againn agus tha sin a' toirt buaidh nach beag air ar n-obair. Tha cosgaisean air a dhol am meud air feadh na buidhne agus tha àrdachadh ann an ìre na h-atmhorachd air cur riutha sin.

Tha ar luchd-stiùiridh air grunn gnìomhan a dhèanamh gus cruth na buidhne atharrachadh agus cosgaisean a lùghdachadh mar as iomchaidh gus seasmhachd is tèarainteachd na buidhne a ghleidheadh san àm ri teachd. Tha buidheann nas èifeachdaiche is nas cuimsichte againn mar thoradh air sin, ach cuideachd thàinig lùghdachadh air na b' urrainnear a chosg air ar prìomh obair. Cuideachd, tha cuid mhath dhen mhaoineachadh againn ga chosg air cosgaisean luchd-obrach, a' gabhail a-steach àrdachaidhean pàighidh. Le buidseat a tha a' fuireach aig an aon ìre, feumar pàigheadh airson sin le bhith a' cleachdadh pàirt dhen airgead a bhiodh air a chosg air ar prìomh obair. Chaidh lùghdachadh de 5% a thoirt air a' bhuidseat againn airson 2024/25. Ri linn sin agus buaidh ìre

na h-atmhorachd air prìomh chosgaisean agus air ìrean pàighidh, bha am buidseat againn fo uallach mòr agus bha aig a' bhuidhinn ri dèiligeadh ri sin tro phlanadh bliadhnaile agus sinn a' cur gnìomhan èifeachdais an sàs agus a' toirt lùghdachadh air ar prìomh obair.

### **Tèarainteachd Dhidseatach**

Chunnacas grunn sgeulachdan sna meadhanan am-bliadhna air ionnsaighean mòra didseatach a rinneadh.

Tha na cunnartan a thaobh tèarainteachd dhidseatach air a dhol am meud san fharsaingeachd do bhuidhnean agus tha sinn a' cumail oirnn a' neartachadh ar rianan-tèarainteachd, a thaobh nan dòighean-obrach againn san fharsaingeachd, agus fhad 's a tha sinn a' comharrachadh nam buannachdan a dh'fhaodadh tighinn bho theicneòlas fèin-ghnìomhach. Fhad 's a tha sinn a' cleachdadh AI, feumaidh sinn dèanamh cinnteach gu bheil sinn air gach cunnart is cothrom a gheibhear na lùib a chomharrachadh agus feumaidh sinn modhan-obrach èifeachdach a stèidheachadh gus na cunnartan a th' ann dhan bhuidhinn a lùghdachadh, fhad 's a tha sinn cuideachd a' faotainn bhuannachdan bhon teicneòlas.

Tha Buidheann airson Tèarainteachd Dhidseatach agus plana gnìomh againn gus ath-sgrùdadh is leasachadh a dhèanamh gu cunbhalach air ar tèarainteachd agus gus dèanamh cinnteach gu bheil ìrean tèarainteachd freagarrach aig a' bhuidhinn. Leis an obair seo thathar a' gabhail ealla ri Frèam Didseatach Riaghaltas na h-Alba, stiùireadh an Ionaid Nàiseanta airson Tèarainteachd Dhidseatach agus Bunaitean Didseatach.

## Leantalachd na buidhne agus a' faighinn seachad air calldachd

A thuilleadh air ar n-obair a thaobh tèarainteachd dhidseatach, tha sinn a' cumail oirnn le bhith a' cur ri daingneachd na buidhne fhèin agus e mar amas dhuinn àrainneachdan sàbhailte, tèarainte, agus seasmhach a chruthachadh dhan a h-uile buidheann-ùidhe is neach-ùidhe. Le bhith a' cur prìomhachas air daingneachd, tha sinn a' cur dìon air stòrasan, a' lùghdachadh nan nithean a chuireas dàil air cùisean, agus a' dèanamh cinnteach gun lean ar n-obair gun bhacadh.

Am measg a liuthad gnìomh a bhios sinn a' dèanamh tha: measaidhean buaidhe gnothachais, planadh airson leantalachd na buidhne, a' dèanamh cinnteach gu bheil sinn deiseil gus dèiligeadh ri suidheachaidhean-èiginn, a' gleidheadh bun-structair, seasmhachd nan àrainneachdan, agus co-chonaltradh le luchd-ùidhe.

Tha sinn air dòigh ùr a chur an sàs gus ar pròiseasan co-cheangailte ri daingneachd na buidhne a chomharrachadh le bhith a' fighe mheasaidhean buaidhe gnothachais a-steach dhan obair air fad againn. Le seo, 's urrainn dhuinn na prìomh ghnìomhan daingneachd a chomharrachadh air feadh na buidhne agus cuidichidh e leis an ath-sgrùdadh chunbhalach a nithear air plana daingneachd na buidhne.

## Saoghal dùbhlanaich do ghnòthachasan

Tha gnothachasan turasachd, aoigheachd is thachartasan a' cur aghaidh ri cuid de na dùbhlain eaconamach is geo-phoilitigeach as motha a chunnaic iad riamh, agus a' dèiligeadh ri saoghal obrach a tha a' sìor atharrachadh. Tha aig a' ghnìomhachas ri dèiligeadh ri cosgaisean gnothachais, saoghal maoinachaidh a tha ag atharrachadh, siostaman-solair, duilgheadasan le luchd-obrach, atharraichean air reachdas agus riaghailtean.

Tha e mar dhleastanas oirnn ceannas, stiùireadh, agus eòlas a thoirt dhan ghnìomhachas, agus a bhith a' brosnachadh is a' cumail rian air iarrtas, agus a' cur air dòigh gun tèid na chosgais luchd-tadhail a sgaoileadh ann an dòigh nas cothromaiche, agus faodar a ràdh nach robh riamh uiread feum air an obair a nì sinn fon dleastanas sin.

## Na prìomh dhùbhlain

A thuilleadh air na cunnartan seo, tha dùbhlain gu bhith romhainn san ùine ri thighinn, chithear mìneachadh orra sin air duilleagan 13-14 de ar [Plana Corporra](#).

- Buaidh nan cosgaisean bith-beò
- A' dèiligeadh ri suidheachadh-èiginn na gnàth-shìde
- Margaidh siubhail fharpaiseach agus cleachdaidhean luchd-siubhail a tha ag atharrachadh
- Saoghal didseatach tha a' sìor atharrachadh